

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 66 • Am Màrt 2018 • March 2018

FÈIS NAN ÒRAN 2018



Eadar òrain gaoil, tàlaidhean, puirt a beul, òrain-obrach, 's ann an iomadh cruth is mu iomadh cuspair a tha òrain Ghàidhlig.

Fhuair compàirtichean Fèis nan Òran 2018 sin agus an còrr aig tachartas còmhnaidheach le stiùireadh bho Kathleen NicAonghais agus Seumas Greumach na bu thràithe am-bliadhna.

Rinn Kathleen bùth-obrach air òrain Uibhist agus thug Seumas dhaibh òran neo dhà à Cataibh, an sgìre d' am buin e fhèin.

A thuilleadh air sin, dh'inns Calum Ailig Mac a' Mhaoilinn, Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal dhaibh mun phròiseact Fuaran, a tha a' toirt trèanadh do dhaoine òga ann a bhith a' cruinneachadh òran agus sgeulachdan às na sgìrean aca fhèin. Chualar gum faigh buidheann eile de dhaoine òga aois 16-24 an cothrom air a' phròiseact am-bliadhna agus gun tèid a shanasachd an ceann mìos neo dhà.

Sheinn a' bhuidheann puirt is òrain còmhla ri Coll MacDhòmhnail agus David Nisbet aig taigh-cèilidh oidhche Shathairne agus bu mhòr am fealla-dhà a bh' ann faicinn cia mheud port a beul a b' urrainn don bhuidheann a ghabhail ann an aon seata!

B' e seo an treasamh Fèis nan Òran a chaidh a chur air dòigh le Fèisean nan Gàidheal.

Participants at this year's Fèis nan Òran heard about the next Fuaran project and were treated to a wide range of Gaelic songs, under the guidance of Kathleen Macinnes and Seumas Graham.

There were workshops on love songs, work songs, puirt a beul, lullabies and songs from Kathleen and Seumas' native homelands, Uist and Sutherland.

The group were joined by Coll MacDonald and David Nisbet for an informal cèilidh on Saturday night and there was much hilarity in seeing how many puirt a beul could be sung in one go!

CREATIVE SCOTLAND FUNDING FOR FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

Creative Scotland recently announced that 121 organisations will receive Regular Funding sharing £101.6m over the 3-year period from April 2018 to March 2021.

This followed the conclusion of an open application process and Fèisean nan Gàidheal was pleased to have retained its funding of £1.4m over the next 3 years. This will match funding from other organisations, including HIE, which has already agreed funding for the same 3-year period.

We were also very pleased that £690k was confirmed for Fèis Rois which, along with support for several other organisations, ensured support for creative learning and young people.

Gaelic and Scots language and traditional arts are embedded into the network of 2018-21 Regularly Funded organisations, with activity spread across Scotland.

Creative Scotland's Chief Executive, Janet Archer commented: "Regular funding provides three-year funding to a wide range of organisations which create, present and support excellence, reaching out to all parts of Scotland and internationally."



ALBA CHRUTHACHAIL

Fèis nan Òran 2018	1
Creative Scotland Funding	1
FnG Board	1
Fèis Inbhir Narainn	2
Fèis Obar Dheathain	2
Fèis Taigh Dhonnchaidh	2
New Singing Resource	3
Blasad Gàidhlig	3
Teàrlach fo Chasaid	4
Sgoil Shamhraidh Dràma	4



NEW OFFICE BEARERS FOR FÈISEAN NAN GÀIDHEAL BOARD

Chaidh Cairistiona Ghreumach a thaghadh mar Chathraiche Fèisean nan Gàidheal aig coinneimh den Bhòrd-stiùiridh anns a' Ghearran. Tha Cairistiona air a bhith an sàs le Fèis an Earraich airson còrr is fichead bliadhna. Tha eòlas aice air teagasg cuideachd, an dèidh dhi mòran bhiaidhnaichean a chur seachad mar oide seinn ann an sgoiltean an Eilein Sgitheanaich.

At its meeting in February the Board of Fèisean nan Gàidheal elected Kirsteen Graham as Chair the organisation.

Kirsteen has spent over 20 year running Fèis an Earraich and also worked for many years as a Gaelic song tutors in Skye schools. Her efforts were recognised when she was inducted in the Traditional Music Hall of Fame.

Anna Murray (Fèis Eilean an Fhraoich) was elected as Vice Chair, Colin Sandilands (Fèis Rois) was confirmed as Secretary and George Stoddart (Fèis Fhoirt) was appointed as Treasurer.

BUSY START TO 2018 FOR FÈIS INBHIR NARAINN

Fèis Inbhir Narainn have had a busy start to the year with their second Piping Day in Nairn taking place on Saturday 24th February.

This event saw young pipers being taught by Niall Stewart, Neil Matheson, Brian Yates and Scott Hay.

A full day of instruction was enjoyed and this was rounded off with an evening concert featuring all the participants and their tutors.

The following week they held their 14th Fèis Day where the committee welcomed over eighty children and adults taking part in a full day of music and song with a fantastic team of tutors - John Somerville, Andy Thorburn, Ewen Henderson, Scott Gardiner, Alison Mackenzie, Liza Thorburn, Jessica Bates, Ellen Jack and Sandra Mackay. Highlights from the concert included the Gaelic songs from the Fèis Bheag and Cleas is Ceòl classes and the tunes from the children in Cridhe na Fèis.

Having got off to such a flying start Fèis Inbhir Narainn also ran a weekend of ensemble music-making with John Somerville's suite 'The Voyage of the Hector' which was originally commissioned by Fèis Rois. John was joined in Nairn on the 17th and 18th March by Rachel Newton and Graham Mackenzie. The event was kindly supported by Friends of Highland Music. Finally, auditions for the third Fèis Inbhir Narainn Caledonian Cèilidh Trail took place on 24th March and the Launch Night Ceilidh on 28th July will headline Ross Ainslie and Innes Watson.

SCOTRAIL TO ASSIST FÈIS ÒIGRIDH NA MARA

Fèis Òigridh na Mara has welcomed a grant award from the Scotrail Cultural and Arts fund to help towards their year-long programme of activities.

The Fèis, based in Mallaig and Morar, was awarded £2,000 by the railway firm to help fund their weekly classes.

Currently, the Fèis attracts 90 young people every week to their classes, equating to 45% of the combined school roles of Arisaig, Morar and Mallaig Primary Schools and Mallaig High School.

Fèis Treasurer, Eilidh Shaw said:

"We are delighted to have been awarded this funding from Scotrail.

There is an amazing amount of talent, support and participation in the weekly classes here but it is an ongoing struggle to keep costs low for the students and give the fantastic tutors what they are worth.

All funding is very gratefully received".

In addition to the weekly classes, the Fèis also runs an annual workshop day in March and hosts several concerts and cèilidhean throughout the year.

For contact details and more information on their activities see

<http://www.feisean.org/feisean/fonm/>



ANGUS NICOLSON TRIO AIG TAIGH DHONNCHAI DH

Air Disathairne 17 An Gearran, thàinig Aonghas MacNeacail, Anndra Mac a' Phearsain agus Ailean MacEanraig a Nis an Eilean Leòdhais gus sàr-oideachadh a thabhairt do chloinn san sgìre air feadan, air a' phiob, air an fhìdhhill, air a' phiàna agus ann an drumaireachd. Ghabh còigear pàirt anns na bùithean-obrach tron latha agus abair gun robh ceòl binn ri chluinntinn ann an Taigh Dhonnchaidh fhad 's a dh'ionnsaich na compàirtichean mar a chluicheadh iad còmhla mar bhuidheann, a' leasachadh an cuid sgilean ciùil.

Air an oidhche chaidh cèilidh a chumail ann an Tàlla Chlann MhicGuaraidh ann am Borgh far an robh tàlant ionadail ga thaisbeanadh le dannsairean Gàidhealach òga Claire Wilson, còmhlan Maileòidean Nis agus compàirtichean nam bùithean-obrach air an àrd-ùrlar. Bha an t-àm ann an uair sin airson dannsa agus chluich a' bhuidheann fad na h-oidhche, le Graham MacIlinnein aca air aoigheachd air a' bhucas, gus an robh casan goirt aig a h-uile duine a bha an làthair. Abair gun robh oidhche air leth ann, le ceòl agus spòrs gu leòr a' dol. Chòrd e ris a' chòmhlan agus ris an luchd-èisteachd air fad!

On Saturday 17th February Taigh Dhonnchaidh was lucky to play host to Angus Nicolson, Andrew Macpherson and Allan Henderson, who taught in workshops all day.

In the evening a cèilidh took place in the Clan MacQuarrie Hall and the band were joined by Graham MacLennan. They, along with an array of musicians and dancers, kept everyone entertained.

Thanks go to all involved and to everyone who came out and supported them. Also to Shona MacMillan for organising the event and to Urras Oighreachd Ghabhsainn for funding it.

FÈIS LATHARNA BURSARIES

Fèis Latharna has secured funding from Argyll Community Housing Association to allow 10 participants to attend its week-long Easter Fèis at a discounted rate.

The 'Supported Places' scheme will be open to families on low incomes who would otherwise be excluded from attending the Fèis.

This year's Easter Fèis runs from 2nd to 6th April at Oban Primary Campus.

FÈIS OBAR DHEATHAIN TUTOR TRAINING

Over the last few months the committee and tutors of Fèis Obar Dheathain have been busy getting organised for their annual Fèis which will take place from 2nd to 4th April at Harlaw Academy, Aberdeen.

In addition to the usual preparations and fundraising efforts, a number of tutors have been developing their Gaelic language and tutoring skills. Five tutors took part in a very successful Gaelic workshop led by Christina Walker where they focused on words and phrases that would be useful in a Fèis setting.

Having been inspired by that, three tutors - two of whom have never taught at the Fèis before - participated in a Tutor Training session on 21 March. This was led by Hector MacInnes who has recently completed Fèisean nan Gàidheal's training programme to equip experienced tutors to deliver our Tutor Training course.

PVG SCHEME

As Fèisean will be aware, it is a requirement that all Fèis tutors and committee members are members of our PVG scheme and must have a disclosure registered with Fèisean nan Gàidheal before undertaking any work or activity which might bring them into contact with young and/or vulnerable people.

In order to speed up the process Fèisean should advise when submitting committee lists and tutor lists if the individual committee member or tutor has been processed with any other organisation, body or workplace since the inception of the PVG Scheme in 2011.

This will ensure the appropriate application form is sent out to those undergoing a disclosure check.

If anyone has any queries about the PVG Scheme they should contact Sandy Gray on sandy@feisean.org.

'SINGING TO LEARN, LEARNING TO SING' RESOURCE



Air 8mh den Mhàrt chruinnich 2,000 sgoilear ann an Talla Consairt Rìoghail ann an Glaschu gus goireas ùr aig Foghlam Alba 'Singing to Learn, Learning to Sing' a chur air bhog. 'S e stòras de dhiofar sheòrsa òran do bhun-sgoilearan a tha seo. Bha Fèisgoil an sàs ga chur ri chèile agus chaidh sinn gu Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail ann an Glaschu is Bun-sgoil Charrain anns an Eaglais Bhric airson na h-òrain Ghàidhlig a chlàradh.

Celebrating the launch of the MEPG-led Education Scotland song resource 'Singing to Learn, Learning to Sing', Fèisgoil visited Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail in Glasgow and Carron Primary School in Falkirk to work and sing with the children. Eilidh Cormack recorded 14 songs for the collection, some new and some traditional. These will be available as a video resource with written staff notations and will include some ideas as to how to use the songs as games.

GAELIC DRAMA IN SCHOOLS DURING 2018

Tursan le Riochdachaidhean Dràma do Sgoiltean
Touring Drama Productions for Schools
2018

Hùb Hùb
Tèatar-oideachaidh do sgoiltean-àraich agus freagarrach airson clann-sgoile òga eadar P1-P3

Turas Sgìreil 1
23 Giblean - 4 Cèitean

Turas Sgìreil 2
10 - 24 Sultain

Meanbh-chuileag
Tèatar-oideachaidh do bhun-sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig P4-P7

Turas Nàiseanta
27 Lùnastal - 10 Dàmhair

Sporan
A theatre-in-education project for primary school pupils learning Gaelic as an additional language

Regional Tour
10 - 24 September

Panto na Nollaig
Dealbh-chluich do bhun-sgoiltean le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Turas Nàiseanta
26 Samhain - 14 Dùbhlachd

Thèid fios nas mionaidiche mu riochdachaidhean na bliadhna-sa agus dreach chlàr-ama airson gach turas a' sgoileadh air sgoiltean a dh'aithghearr. Ma bhios ceist sam bith aig sgoil mun t-seirbheis san eadar-ama nach cuir sibh fios dhan Oifigeir Dràma againn Aonghas MacLeòid air 01463 225 559 no angus@feisean.org. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn na pròiseactan seo agus na seirbheisean dràma eile th' againn do sgoiltean aig www.feisean.org.

Detailed information about this year's productions and a draft timetable for each tour will be sent to schools shortly. If your school has any questions about the service in the meantime please contact our Drama Officer Angus Macleod on 01463 225 559 or e-mail angus@feisean.org. Information about these projects and our other drama services for schools is available on our website www.feisean.org.

BLASAD GÀIDHLIG GA LEUDACHADH

Thòisich sgioba de dh'oiden ùra ann an iomadh bun-sgoil air feadh na dùthcha air an teirm seo. Thadhail sinn air Bun-sgoil Gartcosh an-uiridh le 'Làithean Gàidhlig' agus ged a tha seo fhathast a' tachairt, airson a' chiad turais, libhrig sinn seiseanan Blasad Gàidhlig gu cunbhalach ann an Lannraig a Tuath le sgoilearan ann am Bun-sgoil Tollbrae. Bidh sinn a' tadhal orra fad 10 seachdainean ag obair le Clas 5 mar 'charaidean Gàidhlig' don fheadhainn bheaga san sgoil-àraich.

Gheibh Bun-sgoil Sandwood ann an Glaschu, Bun-sgoil Fintry agus Bun-sgoil Buchlyvie ann an Sruighlea cuideachd seiseanan de Blasad Gàidhlig airson a' chiad uair. Bidh deich seiseanan ann uile gu lèir le cèilidh mòr aig an deireadh. Tha Lindsey Charley is Catriona Ruadh Nic a' Phì a' libhrigeadh nan seiseanan, le Norrie MacIomhair air bòrd airson taic a thoirt do chuid de na sgoiltean an ath theirm. A bharrachd air sin, bidh Robbie Greig is a' chòmhlán a' tadhal air na sgoiltean airson a' chèilidh mhòr aig deireadh na teirm.

Thòisich Blasad Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd aig deireadh na teirm-sa, le trì seiseanan gan libhrigeadh ann an 66 bun-sgoiltean far a bheil na sgoilearan a' tòiseachadh le Gàidhlig mar an treasamh cànan. Tha sgioba ùr aig Fèisgoil air son seo le oidhean ag obair air taobh tuath na dùthcha, san Eilean Sgitheanach, ann an sgìre Loch Abar, ann an Gèarrloch is Ulapul, ann an sgìre Spè, ann am Baile Dhubhthaich agus ann an Inbhir Nis. Cuideachd, tha sinn fhathast ag obair gu cunbhalach anns an Eaglais Bhric far a bheil barrachd air 900 sgoilear ag ionnsachadh beagan Gàidhlig còmhla ris an sgioba làidir againn ann am meadhan na dùthcha.

Tha sinn cho taingeil do na h-oidhean air fad a tha ri obair dhìcheallach air feadh na dùthcha bho sheachdain gu seachdain. Abair sgioba!

There has been a very rapid expansion of Fèisgoil's Blasad Gàidhlig scheme this term.

While we continue to deliver weekly sessions to over 900 children in Falkirk, and one-off Gaelic days in Gartcosh in North Lanark, we have begun regular sessions in another North Lanark primary as well as in Glasgow and Stirling.

66 Primary schools in Highland, where Gaelic has been taken on board as the third learned language, are also receiving sessions.

TEÀRLACH FO CHASaid SAN IAR-THUATH



Annas a' Ghearran fhuair bun-sgoiltean Gàidhlig san Eilean Sgitheanach, Loch Aillse, na h-Eileanan an Iar agus Malaig cothrom eòlas a chur air a' Phrionnsa Teàrlach agus ar-a-mach nan Seumasach tron phròiseact tèatar oideachaidh 'Teàrlach Fo Chasaid'. Bha an turas, a thòisich Diciadain 14 Gearran san Eilean Sgitheanach agus a lean gu Diardaoin 1 Màrt, air a libhrigeadh le Fèisean nan Gàidheal tron t-seirbheis foghlaim, Fèisgoil.

Bha an taisbeanadh eadar-obrachail ag amas air clasaichean eadar P4 agus P7, stèidhte ann an seòmar-cùirte le sgoilearan a' riochdachadh diùraidh na cùirte. As dèidh dhaibh èisteachd ris a' bhrithreamh agus na bh' aig ceathrar luchd-fianais ri ràdh mun Phrionnsa, chaidh iarraidh air na sgoilearan tighinn gu co-dhùnadh a thaobh ma bha, no nach robh, iad den bheachd gun robh Teàrlach na ghaiseach.

Bha a h-uile caractar annas a' bhùth-obrach air a chluich le dithis chleasaichean - Megan NicIllFhaolain agus Daibhidh MacCoinnich. B' e seo an dàrna earrann de thuras nàiseanta leis an taisbeanadh. Annas an Dàmhair 2017, fhuair bun-sgoiltean à tìr mòr cothrom fhaicinn le Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill ri cleasachd ann.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn 'Teàrlach Fo Chasaid' no na pròiseactan dràma eile a th' annas an amharc aig Fèisean nan Gàidheal, faicibh an sanas air duilleig 3 no cuiribh fios gu Aonghas MacLeòid air 01463 225559 no angus@feisean.org

SGOIL SHAMHRAIDH DRÀMA 2018



Bidh Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 a' dol air adhart ann am Port Rìgh eadar Diluain 2 agus Disathairne 14 Iuchar 2018. Tha i fosgailte do dheugairean le Gàidhlig a bhios eadar 13 agus 18 bliadhna a dh'aois agus tha roghainn ann a bhith ga frithealadh airson 6 no 12 latha.

Gus àite fhaighinn aig Sgoil Shamhraidh Dràma, chan fheum sibh ach ar foirm-iarrtais air-loidhne a lìonadh aig www.feisean.org/ssd

Ma tha ceistean sam bith agaibh mun Sgoil Shamhraidh Dràma no mun fhoirm-iarrtais cuiribh fios gu Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòid le post-d air angus@feisean.org no cuiribh fòn thuige air 01463 225 559.

This year's Gaelic Drama Summer School will take place in Portree between Monday 2nd and Saturday 14th of July. Gaelic-speaking teenagers aged between 13 and 18 are welcome to apply and have the option to attend for 6 or 12 days.

The event gives opportunities to young Gaelic speakers to develop acting and movement skills, experience writing for drama, film-making and participation in a drama production at the end of the school. On top of all that, young people get to meet and work with their peers from areas across Scotland.

To apply for a place at this year's Gaelic Drama Summer School simply fill in the bilingual online application form at www.feisean.org/ssd

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Stòr-dàta de Chleasaichean Gaelic Actor Database

Tha Fèisean nan Gàidheal airson a' cur ris an àireamh de dhaoine le Gàidhlig aig am biodh ùidh ann an obair-chleasachd tro na pròiseactan dràma againn ann an sgoiltean. Ma tha ùidh agad lion an fhoirm-clàraidh air-loidhne a lorgar aig www.feisean.org/cothroman

Fèisean nan Gàidheal would like to add to the pool of Gaelic speakers interested in acting in our drama projects for schools. If interested complete the online registration form at www.feisean.org/cothroman

The Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bhò na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies:

Fèisean nan Gàidheal regularly provides employment opportunities for Gaelic speakers through drama projects produced and toured through our Fèisgoil service. We're currently updating our database of Gaelic speakers we could potentially employ as actors. If you are a Gaelic speaker, aged 18 and above and are interested in being involved, then please register.